

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Briathrachas Fhuaimean (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,100. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 796 corresponds to Litir 1,100.

Cuin a chluinneadh tu *sgiùcan*? 'S e sin am fuaim a bhios cearc-fhraoich a' dèanamh. Ann am faclair Dwelly, tha e ag ràdh: *sgiùcan – the cackling, plaintive notes of a ... female grouse*. Anns an dàn 'Coire a' Cheathaich', sgrìobh Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir 'a' chearc le *sgiùcan* a' gabhail tùchain'. *The grouse with her cackle, cooing*. A' chearc le *sgiùcan* a' gabhail tùchain. Fàilte oirbh uile. Tha mi a' dol a thoirt sùil **an t-seachdain sa** air fuaimean a bhios ainmhidhean a' dèanamh.

An toiseach – *geum*. 'S e sin fuaim a nì bò. Airson '*the cattle are lowing*', canaidh sinn *tha an crodh a' dèanamh geum*. No *tha an crodh a' geumnaich*. A' geumnaich.

An t-seachdain sa chaidh, thug mi sùil air *comhart* 'bark' agus *donnal* 'howl' – fuaimean a bhios coin a' dèanamh. Tha *tabhann* ann cuideachd – *a bark or yelp*. A' *tabhann* no a' *tabhannaich* 'barking, yelping'. Ann an Ros an Iar, bithear ag ràdh *tabhann* – no '*tathann*' – ma bhios cù a' comhartaich airson ùine, agus aire air rudeigin, leithid gràineag.

A bheil sibh eòlach air an fhacal *mialaich*? 'S e sin am fuaim as trice a nì cat. *Mialaich* no *miamhail*. *Tha an cat a' mialaich* '*the cat is miaowing*'. Nas miosa na sin, agus nas àirde na sin, tha *sgiamh*. Cluinnear sin aig cat ma tha e a' sabaid no ann an èiginn. *Tha an cat a' dèanamh sgiamh* '*the cat is shrieking*'.

Tha *mèilich* eadar-dhealaichte bho *mialaich*. 'S e *mèile* no *mèilich* a nì caora no uan. Ma bhios uan a' mèilich gu goirt airson a mhàthar, **dh'fhaodamaid a ràdh** *tha mèile ghoirt aige* '*it has a sore-sounding bleat*'. Dh'fhaodamaid a ràdh 'mèilich' airson gobhar cuideachd. Ach tha facal sònraichte againn airson '*the bleating of a goat*' – *meig*. *Tha am meann a' meigeallaich* '*the kid goat is bleating*'. Tha am meann a' meigeallaich.

Ach air ais gu mèilich. Nuair a bhios caora a' mèilich, dè chanas i? Ann am Beurla, canaidh i '*baa baa*'. Ach, ma bhios Gàidhlig aig a' chaora – no co-dhiù Gàidhlig aig an duine a bhios ag èisteachd rithe – cha chan i '*baa baa*' idir, ach 'mè mè'. Agus seo agaibh dreach Gàidhlig air rann air am bi sibh eòlach.

Mè mè, chaora dhubh, Càite a bheil do chlàimh? Tha an seo, tha an seo, A' fàs air mo dhruim. Poc' airson a' mhaighstir, poc' airson na maighd', poc' airson a' bhalaich bhig, Tha fuireach suas an gleann.

B' e sin a' chiad òran Gàidhlig a bh' agam riamh, aig aois òg. Tha cuimhne agam fhathast air turas anns a' chiad bliadhna sa bhun-sgoil. Bha mi a' fuireach ann am Broughty Ferry, faisg air Dùn Dè. Cha robh Gàidhlig sam bith anns an sgoil.

Fhuair an tidsear a-mach gun robh mi air an samhradh a chur seachad air a' Ghàidhealtachd, agus gun do dh'ionnsaich mi an t-òran sin. Thuirt i rium, 'A-nise, a Ruairidh, an seas thu air beulaibh a' chlas, agus an gabh thu "Baa baa Black Sheep" ann an Gàidhlig? Bha eagal mo bheatha orm, ach ghabh mi e:

Mè mè, chaora dhubh, Càite a bheil do chlàimh? Tha an seo, tha an seo, A' fàs air mo dhruim. Poc' airson a' mhaighstir, poc' airson na maighd', poc' airson a' bhalaich bhig, Tha fuireach suas an gleann.

* * * * *

Faclan na Litreach: cearc-fhraoich: [*female red*] grouse; Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir: *Duncan Ban MacIntyre*.

Abairtean na Litreach: Cuin a chluinneadh tu X?: *when would you hear X?*; fuaimean a bhios coin a' dèanamh: *noises that dogs make*; ma bhios cù a' comhartaich airson ùine, agus aire air rudeigin, leithid gràineag: *if a dog is barking for some time, and its attention on something, such as a hedgehog*; nas miosa na sin: *worse than that*; cluinnear sin aig cat ma tha e a' sabaid no ann an èiginn: *that will be heard from a cat if it is fighting or in extremis*; ma bhios uan a' mèilich gu goirt airson a mhàthar: *if a lamb is bleating in a sore manner for its mother*; nuair a bhios caora a' mèilich, dè chanas i?: *when a sheep is bleating, what does it say?*; no co-dhiù Gàidhlig aig an duine a bhios ag èisteachd rithe: *or if the person listening to it is a Gaelic speaker*; seo agaibh dreach Gàidhlig air rann air am bi sibh eòlach: *here is the Gaelic version of a verse you will know*; mè mè, chaora dhubh: *baa baa, black sheep*; càite a bheil do chlàimh?: *where is your wool?*; a' fàs air mo dhruim: *growing on my back [there are other versions with slightly different words]*; poc' airson a' mhaighstir: *a bag for the master*; poc' airson na maighd': *a bag for the maid*; poc' airson a' bhalaich bhig: *a bag for the wee lad*; [a] tha fuireach suas an gleann: *who lives up the glen*; fhuair an tidsear a-mach, [ann an] dòigh air choreigin: *the teacher found out, somehow or other*; gun robh mi air an samhradh a chur seachad air a' Ghàidhealtachd: *that I had spent the summer in the Highlands*; an seas thu air beulaibh a' chlas, agus an gabh thu X: *will you stand in front of the class, and sing X*; bha eagal mo bheatha orm, ach ghabh mi e: *I was frightened out of my wits, but I sang it*.

Puing-chànain na Litreach: Tha mi a' dol a thoirt sùil an t-seachdain sa air fuaimean a bhios ainmhidhean a' dèanamh: *I'm going to look **this week** at sounds animals make. I hope that the use of sa here doesn't confuse you. It is simply a form of seo 'here, this'. I could have said an t-seachdain seo 'this week'. For an t-seachdain seo chaidh 'last week', it is more common to hear an t-seachdain sa chaidh. You will also hear an t-seachdain a chaidh, meaning the same.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: dh'fhaodamaid a ràdh: *we could say*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA